



AN COMUNN GÀIDHEALACH

ORGANISERS OF THE ROYAL NATIONAL MOD

MART 2021 / MARCH 2021

A photograph of a person's hands typing on a laptop keyboard. In the background, there are books and papers. Overlaid on the top left is the circular logo of An Comunn Gàidhealach. A white rectangular box contains the text "AN COMUNN GÀIDHEALACH".

COTHROM OBRACH

WE'RE HIRING

**OIFIGEAR THACHARTASAN
AGUS CONALTRAIDH DIGITEACH**
DIGITAL COMMUNICATIONS AND EVENTS OFFICER

Tuarastal / Salary: £25,801-£28,785
Ceann-latha / Closing Date: 16:04:21
Tuilleadh fiosrachaидh bho: james@ancomunn.co.uk

TUAIRISGEIL OBRACH / EMPLOYMENT OPPORTUNITY

Location / Àite: Sùbailte / Flexible

Salary / Tuarastal: £25,801-£28,785

Làn-ùine (35 uairean san t-seachdain) / Full-time (35 hours per week)

Tuilleadh [an seo](#) / More information [here](#).



COINNEAMH BHЛИADHNAIL A' CHOMUINN GHÀIDHEALAICH

AN COMUNN GÀIDHEALACH ANNUAL GENERAL MEETING

Chaidh Coinneamh Bhliadhnaile a' Chomunn Ghàidhealaich a chumail air Dihaoine an 19mh den Mhàrt air Zoom. Bha sinn toilichte faicinn buill bho gach ceàrناigh an làthair aig a coinneamh, taing mhòr dhuibh uile airson a bhith còmhla rinn. Bu mhath leinn cuideachd taing a thoirt to Chalum Ailig Mac a' Mhailein airson seirbheis eadar-theangachaideh a thoirt thugainn aig a' coinneamh.

Bha sinn toilichte fàilte a chur air dithis ùr air a' Bhòrd Stiùiridh againn, Magaidh Choinneagan agus Iain Eòsaph MacNèill. Tha sinn a' coimhead air adhart gu mòr ri bhith ag obair còmhla riutha.

Bu mhath leinn taing mhòr a thoirt do Dànaidh MacRath a sheas sìos bhon Bhòrd aig a' coinneamh. Bha Dànaidh na Stiùiriche airson 6 bliadhna agus rinn e obair air-leth airson na buidhne anns an ùine seo. Taing mhòr dhuibh Dànaidh, bidh sinn nur ionndrainn!

Bòrd Stiùiridh a' Chomuinn Ghàidhealaich

Ailean Caimbeul (Ceann-suidhe/President)

Seònaid NicDhòmhnaill

Alasdair MacCumhais

Dòmhnull Dòmhnullach

Alisdair Barnett

Eilidh Niclain

Màiri Dhòmhnullach

Iain Murdo Mac a' Mhailein

Maggie Choinneagan

Iain Eòsaph MacNèill

The An Comunn Gàidhealach AGM took place on Friday 19th March via Zoom. We were delighted to welcome members from all corners of the globe, many thanks to all who attended the meeting. Our thanks also to Calum Alex MacMillan for providing a simultaneous translation service during the meeting.

We welcome two new Directors to our Board of Directors, namely Maggie Cunningham and John Joe MacNeil. We look forward to working with them.

We would like to express our grateful thanks to Danny MacRae who stood down from the Board at the meeting. Danny was a Director for 6 years and he worked tirelessly for the organisation for that time. Thank you Danny, you will be missed!



BLIADHNA ANN AN GLASADH-SLUAIHG

Tha sinn air a bhith anns a' għlasadh-sluaigh airson bliadhna a-nis. Cò shaoileadh air ais anns a' Mhàrt 2020 gum biodh sinn fhathast ann, bliadhna air adhart. Chaith Coinneamh Bhliadhnail a' Chomuinn a chumail air an 13mh den Mhàrt 2020 ann an Inbhir Nis. Dìreach dhà no trì làithean as dèidh sin bha a h-uile duine air tòiseachadh ag obair bhon taigh agus tha an sgioba againne air a bhith a' dèanamh sin a-nis bhon 17mh den Mhàrt 2020. Cha do smaoinich sinn a-riamh gum b' urrainn dhuinn na dleastanasan againn a choileanadh bho na taighean againn fhèin, ach gu fortannach, bha sinn ceàrr. 'S dòcha nach b' urrainn dhuinn a h-uile càil a dhèanamh, ach tha sinn air na dòighean-obrach againn atharrachadh agus tha sinn air tòrr a choileanadh, gu h-àraighe a thaobh teicneòlas. Cha chuala mòran againn mu Zoom no Teams ron a' Mhàrt 2020, ach a-nis 's ann mar sin a tha sinn a' cumail coinneamhan, còmhraídhean, cèilidhean, cupa cofaidh agus farpaisean-ceist le ar teaghlaichean agus caraidean! Tha sinn fhathast ag ionndrainn a bhith ann an cuideachd dhaoine eile ge-tà.

Ged nach deach Am Mòd Nàiseanta Rìoghail no na Mòdan Ionadail a chumail mar is àbhaist an-uiridh, fhuair sinn mar bhuidheann air pròiseactan eile a choileanadh, nach biodh sinn air an cumail mur a biodh an suidheachadh seo. Tha sinn air mòran a choileanadh mar sgioba, a thaobh na sgilean ùr a tha sinn air ionnsachadh, a thaobh an inbhe a tha sinn air togail air-loidhne gu coimhearsnachd ùr agus cuideachd le bhith ag obair le buidhnean eile nas mothà. Tha barrachd co-obrachaидh ann, 's dòcha, na bh'ann ron għlasadh-sluaigh.

Ged nach robh e comasach do na còisirean gabhail pàirt anns a' Mhòd Air-loidhne, tha sinn air faicinn gu bheil dòighean ann far am faigh iad air a bhith a' seinn còmhla (ach air

astar), le leithid Còisirean Chàrlabhaigh, Muile, an t-Òban agus le Cèilidh na Bliadhna' Ùire. Abair gu bheil sinn a' coimhead air adhart ri bhith còmhla aig Mòd a-rithist, ge-tà!

Tha na clasaichean Gàidhlig againn air a bhith nam buannachd dhan Chomuinn cuideachd. Cha bhiodh e idir air a bhith comasach dhuinn faisg air 100 neach a thoirt còmhla airson clasaichean Gàidhlig. Tha na clasaichean air-loidhne a' toirt cothrom do dhuine sam bith, bho air feadh an t-saoghal, gabhail pàirt.

Gu fortannach, tha barrachd dòchas ann na th' air a bhith againn airson ùine mhòr, leis gu bheil sinn a' tòiseachadh a tighinn a-mach bho na cuingealaichean a tha air a bhith oirnn airson mìosan a-nis agus gu sònraichte, leis gu bheil uidhir againn a-nis air a' bhanachdach fhaighinn. Feumaidh sinn a bhith foighidinneach agus faiceallach airson ùine fhathast. Cumaibh sàbhailte agus fallain a chàirdean agus leanaibh na riaghailtean!



A YEAR IN LOCKDOWN

Who would have thought, 12 months on from March 2020 that we would still be under the restrictions of lockdown. Last year's An Comunn Gàidhealach AGM took place on Friday 13th March 2020 in Inverness. The situation with the pandemic progressed so rapidly then that within a matter of days, from the 17th of March, like the rest of the country all our staff were working from home. We did not know what to expect from this situation. We, like most people probably, did not think we could fulfill our work entirely from our homes. Thankfully, this was not the case. We may not have been able to do things in the same way, but we have certainly been able to adapt and may have in fact achieved more, mainly with regards to technology. We have all learned new skills, often by trial and error and although frustrating at times, we have managed. Not many of us were familiar with Zoom or Teams before March 2020. Now we use these platforms for business meetings, conversations and chats, cèilidhs, coffee breaks, family quiz nights and what not! However, we still miss seeing people in person.

Although the Royal National Mod and the Provincial Mods did not take place as normal last year, we as an organisation were able to undertake various other new projects. Some positive things have come as a result of the pandemic, we have gained new skills, we have raised the profile of the organisation to a new online community whom we may not have reached before, and we have been networking with other Gaelic organisations more, with organisations wanting to support each other more.

Although Choirs were not able to participate in the Virtual Mod, we have seen how they have adapted to enable them to sing together (although apart), with the various

videos that have been produced by Carloway, Mull and Oban Gaelic Choirs and the Cèilidh na Biadhn' Ùire Massed Choir. It is not the same though, obviously, and we long for the day when we can gather together at a Mod once again!

The Gaelic classes have been a great asset to An Comunn. We would never have been able to bring up to 100 individuals from different locations together for Gaelic classes. An online option opens it up to participants throughout the world.

Thankfully we have more cause for hope now with the gradual lifting of restrictions and, more importantly, with the roll-out of the vaccine. We are moving closer to normality, but for a short while yet we must remain patient. Keep safe and well folks and follow the rules!



TAIGH CÈILIDH A' MHÒID MÀRT 2021

As dèidh cho soirbheachail 's a bha sleath Taigh Cèilidh a' Mhòid an-uirdh, bha sinn toilichte Cèilidh eile a thoirt thugaibh as dèidh Coinneamh Bhliadhnailean na buidhne air an 19mh den Mhàrt. Chaith an Cèilidh a sgaoileadh air an duilleag [Facebook](#) agus air an seanal [YouTube](#) againn agus cuideachd air duilleag Facebook Comhairle nan Eilean Siar.

Bha prògram air leth againn, le sàr sheinneadairean agus luchd-ciùil bho saoghal na Gàidhlig a' gabhail pàirt agus bha sinn toilichte cuideachd failte a chur air Iain Eòsaph MacNeill mar Fhear an Taighe a-rithist. Bha beagan còmhradh is craic ann cuideachd eadar na h-òrain agus na fuinn. Bha e math cuideachd faicinn na teachdaireachdan agaibh fhèin a' tighinn suas air an duilleag thairis air an oidhche! Taing mhòr dhuibh uile airson a bhith còmhla rinn. Tha e na thlachd dhuinn a bhith a' toirt thugaibh na tachartasan seo agus tha sinn cho toilichte faicinn gu bheil iad a' còrdadh ribh.

Taing don fheadhainn a thug taic dhuinn tron duilleag JustGiving againn air an oidhche - tha sinn gu mòr nur comain.

Mu dheireadh, bu mhath leinn taing a thoirt do na seinneadairean, do luchd-ciùil, do Iain Eòsaph MacNeill agus cuideachd do Alex Tearse agus Anna Mhoireach airson cùisean teicniceach a stiùireadh dhuinn a-rithist, abair sgioba! Bu mhath leinn taing a thoirt do Comhairle nan Eilean Siar cuideachd airson an tachartas a sgaoileadh dhuinn.

Tha sinn an dòchas Taigh Cèilidh a' Mhòid a thoirt thugaibh a-rithist nas fhaide air adhart am bliadhna. Cumaibh sùil airson tuilleadh fiosrachadh!

Ma tha sibh airson taic a thoirt dhan obair againn agus tabhartas a thoirt seachad, faodaidh sibh sin a dhèanamh gu h-iosal.



Donate to
An Comunn
Gaidhealach


Following on from the successful Taigh Cèilidh a' Mhòid series last year, we decided to bring you another Cèilidh after this year's AGM on the 19th of March. The Cèilidh was streamed on our [Facebook](#) page and [YouTube](#) channel and the event was also streamed on the Comhairle nan Eilean Siar Facebook page.

There was a fantastic line-up of singers and musicians from the Gaelic and traditional music circuit and we were delighted to welcome John Joe MacNeil back once again as Fear an Taighe for the evening. As well as music and song there was plenty craic as well. It was also great to see all the comments from the viewers on our page, thanks to all who joined us and contributed. We enjoy bringing you these events and welcome your feedback and comments.

Thanks also to all who donated to our JustGiving page on the evening - we appreciate your support.

Finally, grateful thanks to all the magnificent singers and musicians who took part, to John Joe MacNeil for keeping things in check and to Alex Tearse and Anna Murray, for bringing the whole evening together, the dream team! Thanks also to Comhairle nan Eilean Siar for sharing the event on their page for us.

We hope to bring you another Taigh Cèilidh a' Mhòid later on in the year. Stay tuned!



CLASAICHEAN GÀIDHLIG A' CHOMUINN AN COMUNN GAEILIC CLASSES

Tha an dàrna sreath de na Clasaichean Gàidhlig a-nis air tighinn gu crìch. Bha sinn air-leth toilichte gun do ghabh mu 100 neach pàirt san t-sreath seo.

Taing mhòr don fheadhainn a ghabh pàirt anns na clasaichean againn gu ruige seo agus taing cuideachd don luchd-teagasg; Marcas Mac an Tuairneir, Joy Dunlop agus Alec 'Bhaltos' Dòmhnullach.

Tòisichidh an treas sreath de Chlasaichean Gàidhlig a' Chomuinn anns na seachdainean a tha romhain agus tha sinn an dòchas na clasaichean seo a leudachadh anns an t-sreath seo, le bhith a' tabhach clasaichean a bharrachd thairis air 12 seachdainean.

Ma tha sibh airson clàradh airson na clasaichean Gàidhlig no airson tuilleadh fiosrachadh curiagh fios gu seonag@ancomunn.co.uk no curiagh fòn thuice air 01463 709 705.

The second block of Gaelic classes are now complete. We were delighted to welcome around 100 individuals to the Project.

Thanks to all those who have taken part in the classes so far. Thanks also to our tutors; Marcas Mac an Tuairneir, Joy Dunlop and Alec 'Bhaltos' Macdonald.

The third block of An Comunn Gàidhealach classes will commence in the coming weeks and we hope to expand on the classes in this block by extending the block to 12 weeks.

Should you like to register for one of the classes or for any information please contact seonag@ancomunn.co.uk or telephone 01463 709 705.





TEACHDAIREACHD BHO ALASDAIR MACHILLEBHÀIN: TOSGAIRE NA GÀIDHLIG

A chàirdean còire,

Tha mi an dòchas gu bheil sibh uile gu math.

On a sgriobh mi sa **chuairt-litir san t-Samhain**, tha mi air cothrom fhaighinn dhà no trì rudan air an tug mi iomradh an uair sin a thoirt air aghaidh.

'S e a' chiad rud, le taic a' Chomuinn, seiseanan còmhla ri sgoilearan ann an Àrd-sgoil Thobar Mhoire. Sna seiseanan a bh' againn thuige seo, tha sinn air còmhradh a chumail mu chur-seachadan sa mhòr-chuid is farsaingeachd de rudan anns a bheil ùidh aig na sgoilearan — cuid dhiubh leithid An Demonslayer agus Roblox a bha ùr dhomhsa feumaidh mi ràdh. An dèidh na Càisge, tha sinn a' cur romhainn cnuasachadh ann an seiseanan eile air àite agus dearbh-aithne. Tha dùil agam bruidhinn an toiseach air àite a tha sònraichte dhomhsa — Gleann Forsa ann am Muile — agus iomradh a thoirt air cuid de na h-òrain, sgeòil is ainmeannan-àite às an àite. Tha mise air dhà no trì rudan ùra a sgriobhadh mun ghleann cuideachd — a' mhòr-chuid dhiubh an lùib a' phròiseict **MAIM** air a bheil mi ag obair còmhla ri Theatre Gu Leòr leis a' chòmhlan WHYTE an-ceartair — agus bruidhnidh sinn air sgriobhadh cruthachail san t-seagh sin cuideachd.

A' bruidhinn air WHYTE, tha sinn air clàr ùr a chur air bhog bho chionn ghoirid don ainm MAIM. 'S e cothrom air leth a fhuair sinn an clàr seo a thoirt gu buil le taic Theatre Gu Leòr a dh'aindeoin nan cuingealachaidhean a bh' ann. Chuir mise mo ghuth air chlàr ann an An Tobar ann an Tobar Mhoire, chuir Ross agus na ceòladairean eile rudan air chlàr ann an Glaschu agus thàinig sinn còmhla an uair sin air-loidhne a chùm an ceòl a rèiteachadh.

Am measg na th' againn air a' chlàr tha dà òran à dualchas Mhuile — 'Oidhche mhat leibh' le Iain MacPhàidein à Baile Mhuilinn agus 'Gur fad 'am thàmh mi gu tostach sàmhach' le Dòmhnull MacLleBhràtha às na Tòlaichean (Bàrd Bhròlais); òran ùr Gàidhlig don ainm 'Àill'; trì pìosan stèidhete air seallaidhean on dealbh-chluich MAIM anns a bheil guth labhairte; agus ceithir pìosan ciùil ùra le Ross. Tha sinn fada an comain Ceòl is Craic cuideachd airson cothrom a thoirt dhuinn an clàr a chur air bhog le cuirm-chiùil a chaidh filmeadh ann an SWG3 ann an Glaschu taobh a-staigh nan riaghailtean a bh' ann aig an àm.

Faodaidh sibh a' chuirm seo fhaicinn air **duilleag Facebook Ceòl is Craic**. Tha an clàr ri fhaotainn **air làrach-lìn WHYTE**.

Le mòr-mheas,
Alasdair





MESSAGE FROM ALASDAIR WHYTE: GAELIC AMBASSADOR

A chairdean còire,

Tha mi an dòchas gu bheil sibh uile gu math. I hope you are all well.

Since I wrote in [**November's newsletter**](#), I have had an opportunity to take a couple of the projects that I mentioned then forward.

Firstly, with the support of An Comunn, I have been working with pupils in my local secondary school: Àrd-sgoil Thobar Mhoire/Tobermory High School. In our sessions so far, we have mainly talked about hobbies and things that have kept young people in Muile/Mull occupied during the pandemic and I have learnt a few things that I didn't know before about animé, Roblox, fishing and equestrian. We have more sessions planned after the Easter holidays – this time focussing on place and identity. In the first part of these sessions, I am going to focus on a place that has inspired me – Gleann Forsa/Glen Forsa – and share some of the songs, stories and place-names that I have come across from the glen. I have written some new songs, poetry and prose about the glen myself recently too – many of them as part of [**MAIM**](#) (a collaborative project between my band WHYTE and Theatre Gu Leòr) – and the plan is to use them to have a look at creative writing in Gaelic in a modern context.

Talking of WHYTE, we have just released a new album, also called MAIM. The album was commissioned by Theatre Gu Leòr and is a development of the music that featured in our theatre production of the same name. It was a challenge to produce the album in the current circumstances but I was able to

record my vocals in An Tobar in Tobar Mhoire/Tobermory and then work with my fellow band-member, Ross Whyte, remotely to arrange and mix the tracks, after Ross and the other musicians involved in the album had recorded their parts in Glasgow. The album includes two traditional songs from Muile/Mull – 'Oidhche mhath leibh' by Iain MacPhàidein from Baile Mhuilinn/Balevulin and 'Gur fad 'am thàmh mi gu tostach sàmhach' by Dòmhnaill MacLleBhràtha (the Bròlas Bard) from Na Tòlaichean/Tolls; a new Gaelic song entitled 'Aill'; three new pieces based on scenes from the theatre production MAIM featuring spoken word; and four new instrumental pieces by Ross. Ceòl is Craic provided us with an amazing opportunity to launch the album with a pre-recorded performance in SWG3 in Glasgow recently which was filmed by the hugely-talented Hamish Macleod and his team and you can watch this on [**the Ceòl is Craic Facebook page**](#).

The album is available via [**the WHYTE website**](#).

Le mòr-mheas,
Alasdair



**'LÀN-DÙIL' - IN HOPE
23-25 GIBLEAN 2021**

Thèid 'Làn-Dùil' - Fèis Air-loidhne le Soisgeul a chumail eadar 23-25 Giblean 2021.

Tha An Comunn Gàidhealach toilichte a bhith ag obair mar phàirt den phròiseact seo agus tha sinn a' coimhead air adhart ris gu mòr.

Cumaibh sùil airson tuilleadh fiosrachadh anns na seachdainean a tha romhainn.

Feuch gun tig sibh còmhla rinn, ma tha sibh airson seinn còmhla rinn no ma tha sibh dìreach airson èisteachd. Bidh fàilte chridheil oirbh uile!

Gheibhear tuilleadh fiosrachadh mun Fhèis [an seo](#).

**Làn Dùil - Online Soisgeul Weekend Tickets,
Fri, Apr 23, 2021 at 7:00 PM | Eventbrite**

**'LÀN-DÙIL' - IN HOPE
23-25 APRIL 2021**

'Làn-Dùil' - Soisgeul's Online Festival takes place from 23-25 April 2021.

An Comunn Gàidhealach is delighted to be involved in this project and a huge thanks to the super team who have pulled it all together.

Keep an eye out in the coming weeks for more info. Siuthad sibh, sign up!

Be sure to join us, whether to sing or just to enjoy the music. To register, click [here](#).

Chì sinn ann sibh!

[https://www.youtube.com/watch?
v=vTQasXRoMqs](https://www.youtube.com/watch?v=vTQasXRoMqs)

www.soisgeul.com



BÀRD A' CHOMUINN

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

A chàirdean agus a bhanachàirdean còire

Nighean na mnà

Nuair a chaidh m'ainmeachadh mar Bàrd a' Chomuinn, fhuair mi cuireadh an colbh mìosail seo a sgrìobhadh. Mheòraich mi mun seòrsa cuspairean anns am biodh ùidh agam sgrìobhadh, agus ciamar; agus thug mi gealladh dhomh fhìn gun a bhith 'ro phoilitigeach'. Cha do dh' iarr neach sam bith seo orm; sin dìreach roghainn a rinn mi fhìn, a bha nam bharail-sa iomchaidh.

Ach cha do gheall mi a-riamh gun a bhith daonna, daonnach, nam neach co-chreutaireil. Gus a bhith soilleir dè tha mi' a ciallachadh, air a mhìos seo, agus leis a bhun-bheachd 'human being': cha chleachd mi, agus a dh'aona-ghnothaich, na facail 'mac an duine'. Tha mi a 'sgrìobhadh mar 'nighean na mnà' (no, mas fheàrr leibh, 'pàiste nam pàrant'; 'clann na cruinne'; no 'sìol nan sinnsearan').

Oir tha mi airson sgrìobhadh, air a mhìos seo, mun leth-dhaonnachd a tha a' fulang, mar phàirt àbhaisteach agus structarail am beatha làitheil, le brùidealachd agus ana-ceartas – aig làmhan an leth-dhaonnachd eile – agus gun dòn èifeachdach an aghaidh. Agus mas ann 'poilitigeach' a tha e, an fhìrinn seo innse – agus strì is fianais a thogail an aghaidh gu calma – bithear mar bhithear.

Anns a' mhìos a dh'fhalbh, tha sinn air iomadh là cudromach a chomharrachadh: là Naomh Dhaibhidh air 1 Màrt agus Là Naomh Pàdraig air 17 Màrt – agus chur sinn ar meal-a-naidheachd blàth chàirdeil gu ar co-oghaichean Ceilteach. Chomharrach sinn cuideachd: Là Eadar-nàiseanta na Bàrdachd air an 21mh, co-fhad-thràth an earraich air an 20mh, fiù's Là 'Gun Leth-bhreith Idir' air a' 1mh.... agus cuideachd – o, gu dearbh – Là Eadar-nàiseanta nam Ban, air an 8mh.

Chaidh boireannach òg tàlantach, gealltanach, Sarah Everard, air chall aig toiseach a' Mhàirt nuair a choisich i dhachaigh ann an Lunnaid. Chaidh a corp a lorg seachdail an dèidh sin: bha ise air a murtadh, le oifigear-poilis. Thàinig grunn mòr bhoireannach còmhla gu sìtheil, gus dìtheanan agus coinnlean a leigeil far an deach Sarah às fhianais, agus gus a'

caoidh, mar urram don a chuimhne aice. Ach chaidh an cruinneachadh seo a mhùchadh gu brùideil leis a' phoileas. Tha mo thuireadh fhèin don ar piuthar caillte, Sarah, gu h-ìosal.

Ann an dòigh annasach, bidh sinn a' cumail ris a' bhreug gun tachair leithid buirbeachd 'ann an àiteachan eile'. Ach tha na staitistigs ('s iad fhèin fada nas isle na na h-àireamham fior) a' sealltann gu bheil an leithid a' tachairt air feadh an t-saoghail; gach là, agus fad na h-ùine. Bidh cuid fhear ag àicheadh am pàirt san deasbad, le abairt a tha air 'dol gu bioral' – 'chan e a huile fear'. Ach 's e breugnachadh ro thana is leisg a tha seo: tha cha mhòr a huile bana-mharbhaiche na fhear. Agus tha fiù's 'corra' bhana-mhurt fada cus, oir tha àireamh sam bith thar neon i fada cus.

Sa chìad chruinneachadh bàrdachd agam 'Crotal Ruadh – Red Lichen', sgrìobh mi dàn a chaidh a lasadh (seadh, 'lasadh', an àite 'a bhrosnachadh') leis an eòlas-beatha searbh aig na boireannaich is nigheannan a chunnaic mi sna dùthchannan bochda, nuair a bha mi ag obair anna sa roinn leasachadh eadar-nàiseanta: agus iadsan fo chuingean cruaidh, a chasgas an saorsa, dearbh-aithne agus cothroman dhaibh. Faodaidh sibh an dàn seo a leughadh gu h-ìosal cuideachd.


Tha barrachd agam ri ràdh air leithid chuspairean (agus uimhir eile) san ath chruinneachadh agam 'An Seachdamh Tonn – The Seventh Wave'; agus gu dearbh san dàn seo fhèin, dàn-tiotal-an leabhair. Thig e a-mach ann an clò san aithghearrachd.

Faodaidh sinn seasamh ri taobh. No seasamh suas. Tha mise air mo chasan.

Cùmaibh slàn agus sàbhailte, a chàirdean.

BEANnachdan cridheil. Sandaidh

Gheibh sibh barrachd fios air an làrach-lìn agam:
<https://sandynicdhomhnailljones.com/>



BÀRD A' CHOMUINN

SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

Dear Friends

Human-kind, woman-kind

When I was appointed as Bàrd a' Chomuinn, I was invited to write this monthly column. I reflected on the kind of issues I might address, and how; and I made a pledge to myself not to be 'too political'. No-one asked this of me; it was something I myself thought appropriate.

But I never promised not to be human, humane, a compassionate human being. For this very concept therefore, and to make any sense of what I have to say in this month's column, I purposely reject the term 'mac an duine' - 'son of man' - for 'human'. I am writing as 'nighean na mna' - 'daughter of woman' (or, if you prefer, 'pàiste nam pàrant' - 'parents' child'; 'clann na cruinne' - 'child of the world'; or 'sìol nan sinnsearan' - 'offspring of ancestors').

Because, this month, I want to write about that half of humanity that systematically and structurally suffers, and far too often puts up with, brutality and injustice - at the hands of the other half. And if it is 'political' to speak that truth - and to show outrage at it - then so be it.

This month we celebrated some important days: Saint David's Day on 1st March and St Patrick's Day on 17th March - and I send warmest congratulations and fellow feeling to our Celtic cousins. We also marked World Poetry Day on the 21st, the Spring Equinox on the 20th; even Zero Discrimination Day on the 1st.... and also - yes, indeed - International Women's Day, on 8th March.

A talented, promising young woman, Sarah Everard, went missing as she walked home in London in early March. Her body was found a week later; she had been murdered, and by a police officer. A peaceful gathering of women, who were seeking to lay flowers and candles where she disappeared, and to weep in honour of her memory, was violently broken up by the police. My own tribute to our lost sister, Sarah, is below.

In some strange way, we subscribe to the falsehood that these atrocities happen 'elsewhere'. But

statistics (and the real numbers are always under-reported) prove they are happening all over the world, every hour of every day. Some men opt out of the conversation, with a trope that has gone viral - 'not all men'. Yet this is too flimsy and lazy a rebuttal: almost all perpetrators of femicide are men. And even 'a few' murdered women are far too many, because any figure above zero is far too many.

My first poetry collection 'Crotal Ruadh - Red Lichen' included a poem triggered (and that is the correct word, not 'inspired') by women's and girls' bitter life-experiences, which I witnessed in poorer countries during my career in international development - and the cruel limits imposed on their freedoms, identities and opportunities. You can read that poem below, too.

I say more on such subjects (and much else besides) in my next collection 'An Seachdamh Tonn - The Seventh Wave'; and indeed in the poem of that title, the name of the collection. The book is due out very soon.


We can be bystanders. Or 'up-standers'. I'm on my feet.

Keep safe and well, friends.

Warm wiSHEs.

Sandy

There's more information on my website:
<https://sandynicdhomhnailljones.com/>



BÀRD A' CHOMUINN SANDAIDH NICDHÒMHNAILL JONES

A' cheist agam - sa chànan eile *Mar chuimhne air Sarah Everard*

Fear = eagal, + man = fear.

An diugh san dè; 's nach firinn, agus nàire.

Fòir = help, + neart = strength

.... ach còmhla, fòirneart = violence.

Dè an donas, agus ciamar san t-saoghal?!

Sarah - bean uasal aoibhneach, agus sinne a' caoineadh do bheatha òig ghealltanaich.

Everard - le tapachd fiadh-thuirc: dleastanas sàbaid oirnn uile,

a mhñathan, airson do chuimhne is do chòirichean

Gheibh thu fòir bhuainne;

Gheibh sinne neart bhuat,

Sarah againn.

Gheibh gach fear nach seas còmhla ruinn tñamailt agus diteadh,

oir seasaidh a thost airson fòirneirt gus an tèid an cruinne-cè na smàl.

Ach deàrrsaidh an lòchran agamsa

air do shonsa a-nochd,

air latha do Dheasghabhail anabaich:

Sarah, cha deach do smàladh.

Nighean bheag 's an t-saoghal bhochd

Meal do shaorsa, m' eudail bheag,
Oir cha bhi i fada agad.

Cha bhi fèileaganach is faireachdainn
Ceadaithe dhut fada gu leòr,
Ach fuil is fulang is ionndrainn fhaoin.

Bidh na fir a' cur smachd is impidh ort
Is a' diùltadh do dhòchas,
Is thèid do phòsadh dhad aindeòin.

Meal do shaorsa, m' eudail:
Bidh feum agad air do chuimhneachan
'S an àm aimrid ri teachd.

My question – in the other language *In memory of Sarah Everard*

Fear = eagal, + man = fear.

Today as yesterday; and is it not truth, and disgrace.

Fòir = help, + neart = strength

..... but together, fòirneart = violence.

What the hell, and how on earth?!

Sarah – delightful, noble woman: we mourn the promise of your young life.

Everard – with the courage of a wild boar: duty upon us all to fight,
We women, for your memory and rights.

We will provide you help;
You will provide us strength,
Our Sarah.

Every man who fails to stand with us
earns shame and condemnation,
For his silence stands with violence
Until the universe is snuffed out.

But my torch will shine
Bright for you tonight
On your premature Ascension Day:
Sarah, thou art not snuffed out.

A small girl in the poor world

Enjoy your freedom, little darling,
For it will not long be yours.

Playful frolics and feelings

Will not be granted you long enough,
But instead, blood and suffering and unfulfilled longings.

Men will impose their will and force upon you
And deny you your hopes,
And you will be married off against your will.

Enjoy your freedom, darling:

You will need your memories of it
In the barren time to come.

SEÒLAIDHEAN PUIST-DEALAIN AIRSON BUILL A' CHOMUINN

Ma tha sibh nur ball den Chomunn Gàidhealach, bhitheamaid fada nur comain nan dèanadh sibh cinnteach gu bheil am fiosrachadh pearsanta agaibh ceart anns a chunntas agaibh. Gheibh sibh a-steach dhan chunntas agaibh an seo:

<https://enter.ancomunn.co.uk>

Gu sònraichte, dèanaibh cinnteach gu bheil seòladh post-dealain againn dhuibh, gus am bidh sibh a' faighinn fiosrachadh bhuainn. Cuiribh fios gu peigieancomunn.co.uk airson tuilleadh fiosrachadh agus ma tha sibh airson a bhith an làthair aig a' Choinneamh Bhliadhnaile.

DUAISEAN A' MHÒID

Ma tha duais agaibh fhathast bho Mòd Nàiseanta Rìoghail 2019 ann an Glaschu, bu chòrr dhuibh fios a chur gu seonag@ancomunn.co.uk no cuiribh fòn thuice air 01463 709 705 gus na duaisean agaibh a thilleadh thugainn.

Leis gu bheil an luchd-obrach againn fhathast ag obair bhon taigh, bidh agaibh ri ceann-latha a chur air dòigh airson an tilleadh.

BÙTH A' CHOMUINN

Tha Bùth a' Chomunn Ghàidhealaich dùinte an dràsta don phoball ach 's urrainn stuth a cheannachd air-loidhne an seo. Thoiribh sùil agus ma tha càil ann a tha sibh airson a cheannach, gheibhear e an seo.

Tha Buill a' Chommuinn a' faighinn lughdachadh 10% air nithean sa bhùth. Ma tha sibh a' lorg rudeigin nach eil anns an stòr againn, cuiribh fios gu: peigieancomunn.co.uk

E-MAIL CONTACTS FOR AN COMUNN GÀIDHEALACH MEMBERS

If you are a member of An Comunn Gàidhealach, please check your details are correct in your online account here:

<https://enter.ancomunn.co.uk>

Please ensure we have an email address for you, so that you will receive future correspondence from the organisation.

Please contact peigieancomunn.co.uk for further information if you wish to attend our Annual General Meeting by Zoom link.

MOD TROPHIES

If you have a trophy from the 2019 Royal National Mod in Glasgow, please contact seonage@ancomunn.co.uk or telephone 01463 709 705 to arrange their return to An Comunn Gàidhealach.

As our staff are still working from home, a suitable date will have to be agreed with Seonag for their return.

AN COMUNN GÀIDHEALACH SHOP

The An Comunn Gàidhealach Shop is closed to customers but our online facility is available here. Have a browse and if you see anything you fancy, you can order it there.

Members of An Comunn Gàidhealach receive a 10% discount. If you are looking for something in particular, but cannot see it on our website, please do not hesitate to contact us:

peigieancomunn.co.uk

TACHARTASAN NAM MÒDAN IONADAIL 2021 AIR-LOIDHNE

Tha sinn air a bhith a' bruidhinn ri cuid de na Mòdan Ionadail anns na seachdainean a tha romhainn agus tha sinn toilichte gu bheil mòran aca an dòchas Mòd Ionadail no tachartas sònraichte a chumail air-loidhne am bliadhna.

Ma tha taic sam bith a dhìth air a' Chomataidh agaibh no ma tha sibh a' lorg tuilleadh fiosrachadh, cuiribh fios gu seonag@ancomunn.co.uk no cuiribh fòn thuice air 01463 709 705.

PROVINCIAL MODS 2021



Donate to
An Comunn
Gaidhealach

VIRTUAL PROVINCIAL MOD 2021 EVENTS

We were delighted to hear in recent weeks from several of the Provincial Mod Committees that they hope to host Virtual Provincial Mods or special Mod events online this year.

Should your Committee be considering to do something similar or if you require any assistance with staging an online event, please do not hesitate to contact us.

Please email seonag@ancomunn.co.uk or telephone 01463 709 705.

MÒDAN IONADAIL 2021



#cleachdi
aigantaigh

JUSTGIVING

Ma tha sibh airson taic a thoirt dhan obair againn agus tabhartas a thoirt seachad, faodaidh sibh sin a dhèanamh tron duilleag JustGiving againn.



Donate to
An Comunn
Gaidhealach

JUSTGIVING

Should you wish to support the work of An Comunn Gàidhealach, please feel free to make a donation via our JustGiving page.



Donate to
An Comunn
Gaidhealach

BALLRACHD A' CHOMUINN

A bheil sibh n' ur ball den Chomunn Ghàidhealaich? Bidh buill a' Chomuinn a' faighinn lùghdachadh 50% air cosgaisean ticeadan a' Mhòid - 's e sàbhaladh mòr a tha seo dhuibh, gu h-àraidih ma bhios sibh a' frithdealadh mòran thachartasan seachdain a' Mhòid.

Ma tha sibh airson ballrachd am bliadhna a phàigheadh no ma tha sibh airson ballrachd a thoirt a-mach tadhlairbh air:

www.ancomunn.co.uk

Ballrachd:

£15 (inbhich)
£5 (oileanaich)

AN COMUNN GÀIDHEALACH MEMBERSHIP

Are you a member of An Comunn Gàidhealach?

All members of An Comunn Gàidhealach receive a discount of 50% on Mod tickets - that's a big saving, particularly if you hope to attend a number of Mod events during the course of the week.

To renew your membership or to become a member, please login or register via the following link:

<https://enter.ancomunn.co.uk/>

Membership

£15 (adults)
£5 (students)



Caledonian MacBrayne
Hebridean & Clyde Ferries

The Scottish
Government
Riaghaltas na h-Alba

BÓRD NA
GÀIDHLIG

The Highland
Council
Comhairle na
Gàidhealtachd

#cleachdi
aigantaigh

SATURDAY
MARCH 27TH
10.30AM-1PM



FÀILTE!
WELCOME!



LÀ GÀIDHLIG AIR-LOIDHNE

ONLINE GAELIC DAY

PÀRANTAN TRÀTH-BHLIADHNAICHEAN

DO YOU HAVE A CHILD AGED
BETWEEN 0 AND 5 YEARS?

ARE YOU THINKING ABOUT GAELIC MEDIUM EDUCATION?

FIND OUT MORE ABOUT THE BENEFITS OF BILINGUALISM

WHY NOT COME ALONG AND JOIN US FOR AN INFORMATIVE
AND FUN SESSION ONLINE

WHAT'S ON?

- ANTONELLA SORACE, AN EXPERT IN THE BENEFITS OF BILINGUALISM
- STÒRLANN - GAEPLIC4PARENTS
- EARLY YEARS PARENT FORUM
- QUESTION AND ANSWER SESSION
- FUN AND INTERACTIVE SESSIONS
 - LEUGH LE LINDA
 - FAMILY CÈILIDH

WHY NOT COME
ALONG AND FIND
OUT MORE.

JUST REGISTER @
gaelic@highland.gov.uk

LATHA GÀIDHLIG AIRSON BUANNACHDAN DÀ-CHÀNANAIS A CHOMHARRACHADH

Tha cuireadh air a thoirt do phàrantan le clann aois 0-5 bliadhna, a tha airson barrachd fhaighinn a-mach mu buannachdan dà-chànanais agus Foghlam Thràth-bhliadhnaichean tro Mheadhan na Gàidhlig, tighinn gu Latha Gàidhlig air-loidhne air Disathairne 27 Màrt a' tòiseachadh aig 10.30m. Tha Comhairle na Gàidhealtachd a' cur an tachartais air dòigh, ann an co-bhann le Sabhal Mòr Ostaig.

Tha Sgioba Gàidhlig na Comhairle a' cur fàilte chridheil air pàrantan ùra is eile tighinn chun an tachartais bheò far am bi cothrom agaibh ceangal a thogail le buidhnean Gàidhlig agus riocħdairean foghlaim. Tha am prògram a' gabhail a-steach fòram phàrant agus seisean cheistean is fhreagairtean beò le eòlaiche càinain. Airson an tachartas a thoirt gu crìch, bidh seisean seinn beò is eadar-obrachail ann do chloinn is do phàrantan, agus cuideachd Cèilidh Teaghlaich air a chur air dòigh le Fèis Rois.

Thuirt Lena Walker, Manaidsear Leasachaидh Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd: "S e cothrom air leth a tha seo do phàrantan tuilleadh fiosrachaидh fhaighinn mu Foghlam tron Ghàidhlig agus na buannachdan a tha an lùib dà-chànanais. Tha e cudromach gum bi fios aig pàrantan air na buannachdan is na cothroman a tha nam pàirt de dh'Fhoghlam tron Ghàidhlig, ach tha e cuideachd cudromach gum faigh iad cothrom cluinnntinn bho luchd-foghlaim agus pàrantan eile mu na buannachdan sònraichte seo agus an taic a tha ri fhaotainn do chloinn is do phàrantan. Tha an tachartas seo a' toirt cothrom air leth do phàrantan a tha a' beachdachadh air FtG am beachdan a thoirt seachad agus an cuid cheistean a bhith air am freagairt."

Gheibhear tuilleadh fiosrachaيدh bho:
gaelic@highland.gov.uk

GAELOC DAY TO HIGHLIGHT BENEFITS OF BILINGUALISM

Parents of young children aged 0-5 years who may wish to find out information on the Benefits of bilingualism and Early Years Gaelic Medium Education are invited to an online Latha Gàidhlig (Gaelic Day) on Saturday 27 March which commences at 10.30am. The day's event has been organised by Highland Council's Gaelic Team in conjunction with Sabhal Mòr Ostaig.

A warm welcome is extended from the Council's Gaelic Team to new and existing parents to come along to the live event where they will have the opportunity to engage with Gaelic organisations and educational representatives. The programme includes a parent forum and live question and answer section with a leading language specialist. To conclude the event there will be a live fun interactive singing session for both parents and their children and a pre-recorded Family Ceilidh organised by Fèis Rois.

Lena Walker, Highland Council's Gaelic Development Manager said, "This is an excellent opportunity for parents to find out more about Gaelic Medium Education and bilingualism. It is important that parents are informed of the benefits and opportunities which are part of a Gaelic Medium Education but equally important is the chance to hear from educationalists and other parents about these benefits and the support available to children and parents. This event is a great chance for parents who are considering GME to share their views and to have their questions answered."

For further information please contact:
gaelic@highland.gov.uk

LATHA NA GÀIDHLIG AIG OILTHIGH GHLASCHU

Bu mhath leinn meal-an-naidheachd a chur air Oilthigh Ghlaschu airson Latha na Gàidhlig a chaidh a chumail air an 23mh den mhìos seo air-loidhne.

Bha na meadhanan aca loma-làn fad an latha le teachdairean bho gach ceàrnaigh, a' cuir taic ris an iomairt a bh' aca airson an latha: #CòmhlaAirAstar. Thug an iomairt seo coimhearsnachd Gàidhlig an oilthigh agus coimhearsnachd na Gàidhlig san fharsaingeachd còmhla, air astar, le teachdaireachd a bha cho sìmplidh ach cho cumhachdach.

Thuirt Rowan Paterson bho Oilthigh Ghlaschu "Bidh Latha na Gàidhlig aig Oilthigh Ghlaschu gach bliadhna gus iomhaigh na Gàidhlig a thogail agus a bhrosnachadh am-measg oilleanaich agus luchd-obrach air feadh an Oilthighe. Tha an latha seo air a bhith a' tachart san Oilthigh airson cha mhòr deich bliadhna is e air cothrom a chruthachadh dhan Oilthigh ceanglaichean a dhèanamh le buidhnean agus daoine taobh a-muigh an Oilthigh cuideachd tro iomairtean air na meadhanan-sòisealta.

A dh'aindeoin na dùblain a th' air a bhith ann am-bliadhna ri linn corònabhòras, bha e cudromach dhuinn Latha na Gàidhlig a chumail fhathast airson sealltainn an neart a th' anns a' choimhearsnachd Ghàidhlig, an dà chuid taobh a-staigh agus taobh a-muigh an Oilthigh.

A' cleachdadadh #CòmhlaAirAstar, dh'iarr sinn air daoine fad is farsaing, an abairt seo a sgrìobhadh air na làmhan aca agus dealbhan fhoillseachadh air loidhne. Chuir e iognadh oirnn an uiread de dhaoine a ghabh pàirt san iomairt! Tha sinn an dòchas gun tug e togail do dhaoine agus gun do sheall e gu bheil sinn fhathast còmhla agus laidir mar sgioba is coimhearsneachd ged a tha sin aig astar."

Chòrd e rinn gu mòr, 's math a rinn sibh!



UNIVERSITY OF GLASGOW GAELIC DAY

We would like to congratulate the University of Glasgow for the Gaelic Day which took place online on the 23rd of March.

Their social media channels were full throughout the day with messages from all over, supporting their #CòmhlaAirAstar initiative.

This initiative brought the University's Gaelic community, and indeed the Gaelic community as a whole, together in a way that was so simple, using such a powerful message.

Rowan Paterson from the University said "The aim of the annual University of Glasgow Gaelic Day is to promote Gaelic among the students and staff of the University. The event has been taking place at the University for almost ten years now and has enabled the University to form links with organisations and individuals outwith the University through social media initiatives.

Despite the obstacles that the coronavirus has brought, it was important for us to proceed with the Gaelic Day to highlight the strength of the Gaelic community, both within and outwith the University.

Using #CòmhlaAirAstar, we asked people far and wide to write this hashtag on their hands, take a photo and publish them on social media. We were delighted with the response and with the number of people who took part in the initiative! We hope this initiative gave everyone a wee boost and that it demonstrated that, although we are apart, our community is still strong and together".

Congratulations to all involved in organising the day, it was fantastic!



AGUS THIG SINN A-MACH

Chaidh coimisean a chur air dòigh le UofG Gàidhlig airson an dàn brèagha a leanas, air a sgrìobhadh le Robbie Anndra MacLeod - Bàrd a tha na oileanach rannsachaidh aig Oilthigh Ghlaschu.

Glas, glas, a Ghlaschu,
nach eil gach nì glas an-dràsta:
droch shìde na geomhraidh,
sgòthan glasa an-còmhnaidh,
agus glaiste a-staigh, glaiste a-mach, sgapte,
glaiste as leth bho chàch, air astar;
aisticean rin sgrìobhadh is an leabharlann fo għlas
air cùl laghan is gloinne, is an àm ri teachd
gun teagamh làn teagamhan, gun fħios cuin
no cait no ciamar a thig sinn còmhla a-rithist,
no cò ris.
Sūilean làn sgios nan sgròn,
cluasan sàraicht' le sgoilearachd zoom
is mac talla air mac talla
is na tallachan teagaisg buileach gun phàistean.
Sàmhchair. An cluinn thu an t-sàmhchair?
Na seòmraichean uile cho socair ri leabharlann.
Gun anail, gun òraíd, gun fħonn ann no còmhradh.
Roinn roinnte, air fògradh.

Ach thig an smeòrach as t-earrach,
mar chaidh ghealladh san òran,
a Ghlaschu, nì an t-eun agad sgèith.
Tillidh grian agus tional, coiseachd
dhachaigh fon ghealaich. Tillidh
fosgladh nan duilleagan.
Is sinne a bha rìamh sgaoilte
feadh dhùthchannan is chuantan,
a' cumail conaltradh a' dol le dìlseachd
is Dùrachdan:

Leigeamaid le
làithean liatha leaghadh. Cuiridh sinn dath
air gach nì a tha glas, agus, mar iuchair,
fosglaidh sinn iad.



AND OUT WE'LL COME

Commissioned by UofG Gàidhlig, this beautiful poem was written by University of Glasgow research student, Robbie Anndra MacLeod. Have a look at the video too.

Pale, pale, oh Glasgow,
isn't it all just pale now;
pealy-wally winter lingers long
as the constant puddle dull clouds
and locked inside this pale, locked out,
landlocked,
locked apart from each other, distanced;
essays wanting writing and the library locked
away behind laws and grey glass, and way off
a doubtful future no doubt; who knows when
or where of how we'll come together again,
who knows who.

Eyes screen scuffed dry
ears banjoed by zoom schooling
and the feedback feeds back
from the back of a hall entirely emptied of kids.
Silence. Would you just listen to that silence.
All these rooms as quiet as a library.
No breath, no lectures, no tunes, no chatter.
A department departed, banished.

But these crows aren't just greetin for their maws
these crows sing of spring,
when, Glasgow, your bird will fly
The sun will return, gather us, until
under moon we'll walk home again. Books
will return, their pages itching for a leafing.
Because we were always scattered
across nations and oceans
always keeping the conversation alive through
loyalty
and Cheers for now.

Let's let these pale days fizzie away.
We'll colour in every bit of grey, like a chroma-key,
turn it, and crack the whole thing wide open.

Robbie Anndra MacLeod – Bàrd
Commissioned by UofG Gàidhlig

Elephant Sessions, Riverview, Pt. 1
Eadar-theangachadh/Translation by Calum
MacLeod

CAIDREABH

Cèilidh nan Gàidheal

DISATHAIRNE 27 MÀRT 2021 - 8:00F (GMT)

Joy Dunlop

Calum Ailig Mac a' Mhaoilein

Mìcheal MacAoidh

Edel Ní Churraoin

Beò air  /ealantasarts



EALANTAS
EALAIN NAN GÀIDHEAL



Bòrd na
Gàidhlig



CREATIVE
SCOT
ALBA | CHRUTHACHAIL



Gàidhlig

Thèid a' chiad Chèilidh nan Gàidheal aig Ealantas a chumail Disathairne 27mh Màrt 2021 aig 8:00f (GMT).

Beò air:

www.facebook.com/ealantasarts

Leis an luchd-ealaín Joy Dunlop, Calum Ailig Mac a' Mhaoilein, Mìcheal MacAoidh agus Edel Ní Churraoin air aoigheachd.

Thigibh ann! Bidh ceòl, cabadaich is craic am pailteas.

Le taic bho dh' Alba Chruthachail is Bòrd na Gàidhlig.

The first Cèilidh nan Gàidheal will take place on Saturday 27th March 2021 at 8:00pm (GMT).

Live on:

www.facebook.com/ealantasarts

Featuring performances from Joy Dunlop, Calum Alex Macmillan, Michael Mackay and Edel Ní Churraoin.

Join us for an evening of music and craic!

Thanks to Creative Scotland and Bòrd na Gàidhlig for their support.



LÌONRA OIFIGEARAN COIMHEARSNACHD GÀIDHLIG

Tha Bòrd na Gàidhlig air leth toilichte gu bheil lìonra taice proifeasanta airson oifigearan coimhearsnachd Gàidhlig gu bhith a' tòiseachadh. Thèid a chur an gniomh tro chom-pàirticheas eadar Sabhal Mòr Ostaig, Oilthigh Obar Dheathain is Comunn na Gàidhlig.

Tha barrachd is barrachd bhuidhnean san treas roinn a' fastadh oifigearan Gàidhlig a tha ag obair le diofar choimhearsnachdan ann an Alba. Tha mòran de na dreuchdan sin air am maoineachadh le Bòrd na Gàidhlig agus le buidhnean poblach eile. 'S e an aon oifigear Gàidhlig ann am buidheann nas fharsainge a th' ann an tòrr de na h-oifigearan seo.

Tha na h-oifigearan ag obair ann an grunn diofar roinnean - obair òigridh, gniomhachas, an àrainneachd, na h-ealainean - agus tha a' mhòr-chuid dhiubh ag obair anns na h-Eileanan an lar agus air a' Ghàidhealtachd, le cuid dhiubh stèidhichte ann an Earra-Ghàidheal is Bòd, Glaschu agus Dùn Èideann. Tha timcheall 40 obraichean làn-ùine no pàirt-ùine ann.

Libhrigidh an lìonra leasachadh is ionnsachadh proifeasanta agus cothroman airson a bhith a' co-roinn fiosrachaидh a bharrachd air a bhith a' cur ri co-obrachadh agus ri bhith a' cumail taic ri càch a chèile. Às dèidh a' chiad bhliadhna, thèid an obair a mheasadh gus leasachaidhean san àm ri teachd fhiosrachadh, a dh'fhaodadh a bhith a' gabhail a-steach prògram dreuchdail airson oifigearan Gàidhlig.

Bu chòrr oifigearan aig nach d'fhuair fios fhathast post-d a chur gu priomh stiùiriche a' phròiseict, Tim Armstrong aig ta.smo@uhi.ac.uk.

GAELOC COMMUNITY OFFICERS NETWORK

Bòrd na Gàidhlig is pleased that the delivery of a professional support network for Gaelic community officers is about to start. It will be delivered by a partnership of Sabhal Mòr Ostaig, University of Aberdeen and Comunn na Gàidhlig.

There is a growing number of third sector organisations which employ Gaelic officers working with various communities in Scotland. Many of these roles are funded by Bòrd na Gàidhlig along with other public bodies, and many of the officers are the sole Gaelic officer within a wider organisation.

The officers work in a range of sectors - youth work, business, environment, arts - and most are employed in Western Isles and Highland, with some based in Argyll & Bute, Glasgow and Edinburgh. There are some 40 f/t or p/t roles.

The network will provide professional development and learning, opportunities for knowledge exchange as well as increasing collaboration and providing peer support. Following the first year, the work will be evaluated to determine future developments which may include the creation of a vocational programme for Gaelic officers.

Anyone working in such a role who has not been contacted yet should get in touch with the lead contact on the project, Tim Armstrong at ta.smo@uhi.ac.uk.



COM-PÀIRTEACHAS ÙR EADAR BÒRD NA GÀIDHLIG & FEARANN COIMHEARSNACHD ALBA

Tha com-pàirteachas ùr eadar Bòrd na Gàidhlig agus Fearann Coimhearsnachd Alba ag ainmeachadh maoineachadh airson leasachadh na Gàidhlig le uachdarain coimhearsnachd eileanach, urrasan dualchais agus urrasan eile.

Le mu 75% de na daoine sna h-Eileanan an lar a' fuireach air fearann a tha fo shealbh coimhearsnachd, agus ceanglaichean làidir ann eadar fearann, coimhearsnachd agus a' Ghàidhlig agus a cultar, tha gealltanach ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig gus maoin a stèidheachadh, ann an co-bhonn ri Fearann Coimhearsnachd Alba (Community Land Scotland – CLS), a tha a' cumail taic ri bhith a' neartachadh cleachdadha na Gàidhlig. Tha a' mhaoin seo a' cur ri trì ro-innleachdan aig Riaghaltas na h-Alba – a' meudachadh cleachdadha na Gàidhlig, seilbh fearainn coimhearsnachd agus cumhachdachadh coimhearsnachd.

Bheir am pìleat seo, a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig, maoineachadh seachad aig trì ireach – suas ri £5,000, suas ri £15,000 agus suas ri £30,000, le maoineachadh iomlan de £125,000 uile gu lèir. Bidh an sgeama fosgailte do dh'urrasan coimhearsnachd, chan ann a-mhàin do dh'urrasan fearainn, anns na h-Eileanan an lar agus sna h-eileanan ann an sgìrean Comhairle na Gàidhealtachd agus Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid. Feumaidh gach urras plana simplidh a chruthachadh a sheallas mar a mheudaicheas an obair aca cleachdadha, ionnsachadh agus adhartachadh na Gàidhlig anns na sgìrean aca.

Thèid co-dhùnaidhean mu mhaoineachadh a dhèanamh le pannal de riochdairean bho dhiofar roinnean is sgìrean. San dòigh seo, nì an sgeama cinnteach gum bi co-dhùnaidhean stèidhichte sa choimhearsnachd.

Is e a' chiad cheum den phileat a bhith a' fastadh oifigear a bhios ag obair le CLS gus gach cuid Gàidhlig a neartachadh ann an obair CLS fhèin agus am measg a bhallrachd agus gus taic a thoirt do thagraichean gus pròiseactan leasachaidh Gàidhlig ullachadh agus a lìbhrigeadh.

NEW PARTNERSHIP BETWEEN BÒRD NA GÀIDHLIG & COMMUNITY LAND SCOTLAND

A new partnership between Bòrd na Gàidhlig and Community Land Scotland announces funding for Gaelic development by island community landowners, heritage and other trusts.

With some 75% of the people living on community owned land in the Western Isles, and strong links between land, community and Gaelic language and culture, the National Plan for Gaelic contains a commitment to establish a fund, in conjunction with Community Land Scotland (CLS), which supports strengthening the use of Gaelic. This fund contributes to three Scottish Government strategies – increasing the use of Gaelic, community land ownership and community empowerment.

This pilot, agreed by Bòrd na Gàidhlig, will provide funding at three levels – up to £5,000, up to £15,000 and up to £30,000, with total funding of £125,000 altogether. The scheme will be open to community trusts, not just land-based, in the Western Isles and the islands of Highland and Argyll & Bute Council areas. Each trust will be required to create a simple plan which shows how their work will increase the use, learning and promotion of Gaelic in their areas.

Decisions on funding will be made by a panel of representatives drawn from different areas and sectors. In this way, the scheme will ensure community-based decision-making.

The first stage in the pilot will be the recruitment of an officer who will work with CLS to both strengthen Gaelic in CLS's own work and its membership and to support applicants to develop and deliver Gaelic development projects.



COINNEAMH A' BHÙIRD-STIÙIRIDH 18.03.2021 - BÒRD NA GÀIDHLIG

Dh'aontaich Bòrd na Gàidhlig pròiseactan a thoirt air adhart a neartaicheas cleachdadadh na Gàidhlig, le fòcas làidir air coimhearsnachdan eileanach is dùthchail.

Mar thoradh air na dùblain a dh'adhbhraich COVID-19 do sgoilearan ann am foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FtG), chaidh £212k de mhaoineachadh a thoirt do Chomunn na Gàidhlig, Comann nam Pàrant agus Fèisean nan Gàidheal gus gnìomhan a bharrachd a lìbhrigeadh sa Ghàidhlig do dhaoine òga.

Dh'aontaich am Bòrd-stiùiridh cuideachd maoineachadh a thoirt do sgeama pileat luach £154,000 a thèid a thoirt air adhart an co-bhonn le Fearann Coimhearsnachd Alba.

Bruthaibh [an seo](#) airson tuilleadh fiosrachaidh.

BOARD MEETING 18.03.2021 - BÒRD NA GÀIDHLIG

Bòrd na Gàidhlig has agreed to take forward projects which will strengthen Gaelic usage, with a strong focus on island and rural communities.

In recognition of the challenges caused by COVID-19 to school pupils in Gaelic medium education (GME), £212k of funding has been awarded to Comann na Gàidhlig, Comunn nam Pàrant and Fèisean nan Gàidheal to deliver additional activities in Gaelic for young people.

The Board also agreed the funding of a pilot scheme worth £154,000 which will be taken forward in collaboration with Community Land Scotland.

Click [here](#) for more information.





Chief Officer (*Àrd-oifigear*)

Acair is looking for a Chief Officer to lead the team which is based in Stornoway, Isle of Lewis. The business is a registered charity which produces a range of Gaelic and English publications under the direction of a Board of Trustees.

You will understand the role of publishing in the context of Scottish Government Gaelic Policy, Highlands & Islands culture and heritage as well as being passionate about Gaelic literature.

You will have strong leadership and networking skills with a creative approach to the business, ensuring its viability through tight financial controls and providing effective management information for the Board and stakeholders.

You will understand the process of producing new publications, including creating contractual relationships with authors, freelancers and funding organisations, as well as sales and marketing expectations.

This is a permanent post and the Board of Acair takes a flexible approach to full or part-time working to secure the right candidate for the Chief Officer role. The salary will therefore reflect experience and skills.

In the first instance please contact the current post holder, Agnes Rennie, at agnes@acairbooks.com or by phone on 07825681738

Àrd-oifigear

Tha Acair a' sireadh Àrd-oifigear airson an sgioba a stiùireadh. Tha an Companaidh Acair, na Charthannas Clàraichte, stèidhichte ann an Steòrnabhagh an Eilean Leòdhais. Tha Acair a' foillseachadh leabhraichean ann an Gàidhlig agus ann am Beurla agus ag obair bho stiùir Bòrd Urrasairean.

Tha feum aig an Àrd-oifigear a bhith tuigseach air an àite a th'aig foillseachadh ann an dàimh ri Poileasaidh Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba agus ann an cultar agus dualchas na Gàidhealtachd agus nan Eilean a bharrachd air a bhith air leth dealasach mu litreachas na Gàidhlig.

Tha feum air sgilean stiùiridh làidir agus dòigh-obrach cruthachail a thaobh a' ghnìomhachais. Feumar a bhith comasach agus èasgaidh ann a bhith a' dèanamh ceanglan agus conaltradh làidir le buidhnean eile. Tha sgilean ionmhais teann air leth cudromach san dreuchd le uallach airson a bhith a' toirt fiosrachadh riaghlaidh èifeachdach don Bhòrd agus do bhuidhnean taic.

Tha feum air tuigsinn air a' phròiseas airson a bhith a' foillseachadh leabhraichean ùr, a' dèiligeadh ri cùmhnantan agus a' dèanamh dàimhean le ùghdaran, luchd-obrach sa ghnìomhachas agus buidhnean maoineachaidh. Tha smachd agus comasan làidir a thaobh gniomhachas reic agus margaidheachd riatanach.

Is e dreuchd maireannach a tha seo agus tha Bòrd Acair a' cleachdadh dòigh-obrach sùbailte a thaobh obair làn-ùine no pàirt-ùine gus an tagraiche ceart fhaighinn airson dreuchd an Àrd-Oifigear. Mar sin bidh an tuarastal a-rèir eòlas agus sgilean.

Anns a' chiad dol a-mach cuiribh fios gu Agnes Rennie, Manaidsear Acair aig agnes@acairbooks.com no air a' fòn air 07825681738.



Riaghlaidair Carthannas na h-Alba Carthannas Clàraichte

Registered Charity SC047866





ACAIR

Do sgoiltean agus buidheannan sam bith a tha a' cleachdadadh Gàidhlig agus aig a tha beagan airgead ri chosg aig deireadh na bliadhna- tha leabhraichean chloinne aig Acair freagarrach do dh'aois sam bith.

Leig fios gu sandra@acairbooks.com ma tha sibh airson ceist fhaghneachd no òrdugh a chur a-steach, agus sgaoil seo ma dh'aithnicheas sibh duine a dhèanadh feum do leabhraichean Ghàidhlig.

Attention all schools or groups that might have some money to spend on books towards the end of the financial year.

Email sandra@acairbooks.com with any queries or to order. Please share with anyone you know who may benefit from this. Thank you!



LEUGH IS SEINN LE LINDA

Seo an logo ùr againn! An dòchas gun còrd e ribh!

Tha sinn a' dèanamh fiughair ri nochdadh aig Latha Gàidhlig air-loidhne aig Comhairle na Gàidhealtachd air Disathairne airson buannachdan dà-chànanais a chomharrachadh!

Barrachd fios:

[Latha Gàidhlig airson buannachdan dà-chànanais a chomharrachadh | The Highland Council](#)

LEUGH IS SEINN LE LINDA

This is our new logo! We hope you like it as much as we do!

This Saturday Linda will be appearing at The Highland Council's Online Gaelic Day to promote the benefits on bilingualism!

More info:

[Latha Gàidhlig airson buannachdan dà-chànanais a chomharrachadh | The Highland Council](#)





The Fèisean nan Gàidheal is funded by the above bodies

OIFIGEAR LEASACHAIDH

Cothrom cosnайдh anns na h-Eileanan Siar le taic shònraichte bho Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig

<https://www.feisean.org/obraichean/>

Ceann-latha airson iarrtasan:
Diluain 5 Giblean aig 5f

DEVELOPMENT OFFICER

Employment opportunity in the Western Isles supported by the Scottish Government and Bòrd na Gàidhlig

<https://www.feisean.org/en/jobs/>

Closing date for applications:
Monday 5 April at 5pm

Oifigear Leasachaидh | Development Officer

Na h-Eileanan Siar: suas ri £27,000 | Western Isles: up to £27,000

Le taic shònraichte bho Bhòrd na Gàidhlig agus Riaghaltas na h-Alba, tha sinn ath-stèidheachadh dreuchd anns na h-Eileanan Siar airson taic a chumail ri Fèisean ionadail agus leasachaidean ann an cleachdadh na Gàidhlig a thoirt gu buil anns na coimhleasachdan eileanach.

With specific support from Bòrd na Gàidhlig and the Scottish Government, we are re-establishing a post in the Western Isles to support local Fèisean and develop the use of Gaelic in island communities.

Tuilleadh fiosrachaidh mun dreuchd aig feisean.org/obraichean/
Further information on the post at [feisean.org/en/jobs/](https://www.feisean.org/en/jobs/)

Ceann-latha airson iarrtasan: Diluain 5 Giblean aig 5f
Closing date for submission of applications: Monday 5 April at 5pm



Scottish Government
Riaghaltas na h-Alba
gov.scot



Bòrd na
Gàidhlig



ALBA | CHRUTHACHAIL



HIE
Iomairt na Gàidhealtachd's nan Eilean



The Highland
Council
Comhairle na
Gàidhealtachd



Fèis na Càisge

05.04.2021 - 09.04.2021



<https://www.feisean.org/feis-na-caisge-2/>

Classes available in Gaelic and English

Fidheall
Fiddle
Neach-tòisichidh Eadar mheadhanach

Beginner Intermediate

Giotàr
Guitar
Neach-tòisichidh Eadar mheadhanach

Beginner Intermediate

Seinn
Singing
Aois 5-7
Aois 8+

Age 5-7
Age 8+

Piana
Piano
Neach-tòisichidh Eadar mheadhanach

Beginner Intermediate

Dràma
Drama
Aois 5-7
Aois 8+

Age 5-7
Age 8+

Fìdeag
Whistle
Neach-tòisichidh Eadar mheadhanach

Beginner Intermediate

Bogsa-Ciùil
Accordion
Neach-tòisichidh Eadar mheadhanach

Beginner Intermediate

Pùirt
Tunes Repertoire
Àrd-sgoil
High School



[Fèis na Càisge - Fèisean nan Gàidheal \(feisean.org\)](https://www.feisean.org)

FARPAISEAN NA CÀISGE LE CNAG

Sgeadaich bonnaich Càisge

FOSGAILTE AIRSON CLAS 7 GU S2
CEANN-LÀ: DIMÀIRT 30 MÀRT
CUIR DEALBH DEN BONNAICH
AGAD GU MAIRI
MAIRIBHEAG@CNAG.ORG

BONNAICH BEAGA

Farpaisean na Càisge le Cnag

GRÌTHEIDEAN

- 8 unnsa (oz) flùr self-raising
- 8 unnsa (oz) im / marg
- 8 unnsa (oz) siùcar castoir
- 4 uighean a tha meadhanach mòr
- 1 spàin-tì vanilla essence (beagan a bharrachd ma tha sibh ag iarradh)
- Druthag bheag bainne

UACHDAR-IME

- 500g siùcar fùdar
- 250g im / marg

01 Cuir an àmhainn air aig 200c.

02 Faigh bobhla-measgachaidh agus cuir an flùr tron t-sioltachan dhan bhobhla.

03 Cuir na grìtheidean eile uile dhan bhobhla cuideachd agus measgachair airson mionaid no dha.

04 Cuir seo am broinn 12 - 15 cèisean-cèic agus bruch airson 15 mionaidean.

05 Faigh bobhla-measgachaidh beag agus measgaich an siùcar fùdar agus an t-im còmhla airson mionaid no dhà.

06 Nuair a tha na bonnaich air fuarachadh agus deiseil, sgeadaich iad ann an doigh sam bith a thogras sibh.

CUPCAKES

Farpaisean na Càisge le Cnag

INGREDIENTS

- 8oz self-raising flour
- 8oz butter / marg
- 8oz caster sugar
- 4 medium eggs
- 1tsp vanilla essence (you may add more if you wish)
- A splash of milk

BUTTER ICING

- 500g icing sugar
- 250g butter / marg
- Add a splash of water/milk if necessary

- 01 Preheat your oven to 200c.
- 02 Get a large mixing bowl and sieve the flour into it.
- 03 Add all other ingredients to the bowl and mix with an electric beater for 1 to 2 minutes.
- 04 Divide the mixture between 12 – 15 cupcake cases and cook for 15 minutes.
- 05 Get a small mixing bowl and sieve the icing sugar into it and add the butter. Beat for 1 to 2 minutes until the icing is thick.
- 06 Once your cupcakes have cooled down, decorate and flavour in any way you like.





#cleachdi
aigantaigh

Gàidhlig nan Og

www.gaidhlig-nan-og.scot



Filmichean goirid Gàidhlig

Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig Bòrd na Gàidhlig Comann Parant Scottish Government Rìaghaltas na h-Alba gov.scot

Abair Abairtean!

Gaelic flashcard app



Phrases to use around the house

- ★ Phonetic pronunciation alongside the Gaelic and English translations
- ★ Audio files for each phrase

GET IT ON Google Play Download on the App Store

Stòrlann Bòrd na Gàidhlig

Abair Abairtean! Gaelic flashcard app.

<https://play.google.com/store/search?q=storlann>

<https://apps.apple.com/us/app/abair-abairtean/id1429996359>

A' Chaisg
Trobhad còmhla ri Jackie agus ionnsaich mar a chomharraicheas tu an t-àm sònraichte seo le òrain ùra. Saoil cò aig a tha uan agus cò aig a tha basgaid uighean? Trobad's gheibh sinn a-mach!

[Gìog-ort! - Gàidhlig_nan_Og_\(gaidhlig-nan-og.scot\)](#)



OIFIS INBHIR NIS

Àrd-oifigear: Seumas Greumach

Oifigear a' Mhòid: Seonag Anderson

An Comunn Gàidhealach
Taigh Bhaile an Athain
40 Sràid Hunndaidh
Inbhir Nis
IV3 5HR

Fòn: 01463 709 705

Post-d: seonag@ancomunn.co.uk

OIFIS STEÒRNABHAIGH

Rùnaire a' Chomuinn: Peigi Nicllinnein

Oifigear a' Mhòid: Marina NicAoidh
(pàirt-ùine)


An Comunn Gàidhealach
Aonad 7a
7 Sràid Sheumais
Steòrnabhagh
Eilean Leòdhais
HS1 2QN

Fòn: 01851 703 487

Post-d: peigi@ancomunn.co.uk



Caledonian MacBrayne®
Hebridean & Clyde Ferries



#cleachdi
aigantaigh